

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark
(Èisteachd)

--

X229/301

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 40 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

1. (a) Dè na tha gnìomhachas nam beanntan a' toirt a-steach de airgead gach bliadhna ann an Alba?

1

- (b) Ainmich trì dòighean sam bi daoine a' dèanamh airgead às a' ghnìomhachas seo?

3

2. (a) Dè tha a' tachairt do chuid de na beanntan air sgàth na tha de dhaoine a' tadhal orra?

2

- (b) Dè na beanntan as miosa dheth?

2

3. (a) Dè bhios na buidhnean-glèidhteachais a' dèanamh?

2

- (b) Ciamar a bhios iad a' faighinn airgead airson seo?

2

Comharraidhean

4. Dè tha air innse dhuinn mu na daoine anns na Buidhnean Sàbhalaidh?

3

5. (a) Dè na prìomh adhbhair airson rudan a bhith a' dol ceàrr do dhaoine anns na beanntan?

2

(b) Carson nach eil e gu leòr map agus combaist a bhith aig daoine?

2

6. Ainmich dà thrioblaid a dh'fhaodadh a bhith aig daoine leis an teicneòlas ùr.

2

7. Dè bu chòir gun do chaochail còignear dheugairean agus tidsear air Beinn Mhic Dhuibh ann an 1971?

2

8. Carson nach robh na Buidhnean Sàbhalaidh toilichte leis a' bhoireannach a chaidh a shàbhaladh anns na beanntan o chionn beagan bhliadhnaichean?

3

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

9. Dè tha cuid de dhaoine a' smaoinichadh a bu chòir do luchd-coiseachd a dhèanamh mus tèid iad a-mach dha na beanntan?

2

10. Dè a' chomhairle a tha air a thoirt aig an deireadh do dhaoine a bhios a' dol a-mach do na beanntan?

2

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

X229/302

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



STIÙIREADH DON TIDSEAR

MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÉIGINN A-MHÀIN)

1. **Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.**

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.**

[*A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN*]

4. **Canaibh ris na sgoilearan:**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. **Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh i cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.**

[*AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN*]

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàrteachadh ris na sgoilearan.

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Tòisichibh an t-inneal.**

[A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN]

4. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, canaibh ris na sgoilearan:**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

(Na cuiribh air ais an CD.)

[CLUICH DEN EARRAINN]

5. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.**

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaidh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

EARRANN

Annas na Beanntan

Tha iomadh cur-seachad a ghabhas dèanamh anns na beanntan. 'S e gnìomhachas mòr a tha seo a tha a' toirt a-steach còrr is billean not sa bhliadhna ann an Alba. Am measg na tha faighinn buannachd às tha bùithtean agus àiteachan-fuirich. Cuideachd tha obair ann do dhaoine a bhios a' teagasg spòrsan agus do luchd-stiùiridh a bhios a' toirt bhuidhnean air chuairt do na beanntan.

Leis na tha de dhaoine gan cleachdadh, tha cuid de na beanntan a-nis a' fulang gu mòr agus a' crìonadh, gu h-àraidh an fheadhainn as taitniche do luchd-coiseachd. Tha buidhnean glèidhteachais, leithid Urras Nàiseanta na h-Alba, air obair mhòr a dhèanamh a' càradh starain agus a' feuchainn ris an talamh a dhìon. Tha na buidhnean seo an crochadh gu mòr air taic-airgid bho na buill aca agus on luchd-coiseachd fhèin gus an obair-càraidh seo a chumail a' dol.

Tha Buidhnean Sàbhalaidh nam Beann a' fàs nas trainge leis mar a tha an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadh nam beann a' sìor dhol am meud. Bidh daoine a' dèanamh na h-obrach seo gu saor-thoileach. Bidh iad a' dol a-mach ann an aimsir a tha tric cunnartach gus daoine a tha ann an èiginn a shàbhaladh.

Mar as trice 's ann air sgàth nach do rinn daoine an deasachadh ceart, no nach tug iad na h-uidheaman cearta leotha, a bhios rudan a' dol ceàrr. Feumar map is combaist, ach tha e riatanach cuideachd gur aithne do dhaoine an dòigh cheart air an cleachdadh. Tha cuid an-diugh an crochadh gu mòr air teicneòlas ùr mar innealan-saideil, a bhios gan treòrachadh don àite cheart, rud a tha ceart gu leòr gus an tèid rudeigin ceàrr leis na h-innealan no gun ruith na bataraidhean a-mach.

Glè thric 's e droch shìde a bhios a' ciallachadh gun tèid Buidheann Sàbhalaidh a ghairm a-mach. Thachair aon de na tubaistean a bu mhiosa air beanntan Alba ann an 1971 air Beinn Mhic Dhuibh. Bha buidheann de shianar dheugairean air turas sgoile nuair a thòisich cathadh-sneachda fiadhaich. Chaidh an sgaradh bho chèile agus chaochail còignear dheugairean agus tidsear leis an fhuachd.

Tha na Buidhnean Sàbhalaidh an urra gu mòr ri taic-airgid bhon a' phoball airson nan stuthan a dh'fheumas iad. Tha sin a' ciallachadh nach fheum daoine càil a phàigheadh ma thèid buidheann a ghairm a-mach air an son.

Beagan bhliadhnaichean air ais chaidh boireannach a shàbhaladh agus reic i an stòiridh aice ri pàipear-naidheachd is cha tug i sgillinn don bhuidheann a shàbhail i. Dh'fhàg siud blas searbh aig cuid, cha b' ann air sgàth nach d' fhuair iad càil ach gun robh cuideigin a' dèanamh prothaid às an t-saothair acasan. 'S ann air sàillibh sin a bhios cuid a' ràdh gum bu chòir do luchd-coiseachd àrachas a thoirt a-mach air eagal is gum bi tubaist aca, gu h-àraidh ma dh'fheumas heileacoptair a dhol gan iarraidh.

Gu fortanach chan eil tubaistean a' tachairt ro thric ach, aig an aon àm, feumaidh daoine a bhith faiceallach agus urram a thoirt do na beanntan.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Grand
Total

Total Mark
(Leughadh)

X229/303

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2010

DICIADAIN, 2 ÒGMHIOS
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh
Roinn B(iii): Litreachas

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



Leugh an sgeulachd agus freagair nad fhacail fhèin na ceistean a tha ga leantainn.

AN LEUM

Bha na balaich nan seasamh air bruaich na h-aibhne 's iad ag argamaid.

“Uill, tha mise dol a dh’fheuchainn co-dhiù,” arsa Murchadh. 'S e balach dèanta a bh' ann am Murchadh ach bha Iain tana. Chan eil fhios carson a bha iad nan caraidean, oir bha iad uabhasach eadar-dhealaichte bho chèile. Mar eisimpleir, bha Murchadh slaodach anns an sgoil, ach bha Iain adhartail.

'S e latha brèagha soilleir a bh' ann, agus an dithis air saor-làithean bhon sgoil. Thug Murchadh sùil sìos don abhainn far an robh beagan uisge nach robh buileach a' còmhach nan clachan. Tha mi 'n dòchas nach fheuch e, bha Iain a' smaoinichadh. 'S chunnaic e corp anns an abhainn agus daoine a' sealltainn sìos agus a' gal.

Chunnaic Iain am falt goirid air cùl ceann Mhurchaidh agus a chasan grad, làidir, agus bha fhios aige gu leumadh e. Aon turas chaidh Murchadh ann an eathar leis fhèin agus cha robh e ach deich bliadhna dh'aois. A-nise bha an dithis dà bhliadhna dheug 's iad air an aon chlas anns an sgoil.

Ma bhuaileas mi mo cheann air na clachan . . . , bha Iain a' smaoinichadh, agus anns a' mhionaid dh'fhairich e mar gum biodh fuil a' sruthadh sìos a lethcheann. Aon latha shaoil e gum fac e tìodhlacadh, ach thuirt a mhàthair ris nach robh tìodhlacadh ann an latha sin.

Bu thoil leam gu robh mi coltach ri Murchadh, ars Iain ris fhèin. Ach a dh'aindeoin sin bha e smaoinichadh, Cha do leugh Murchadh an leabhar seo no an leabhar ud eile, ged a bha e math air cunntadh.

Dh'èirich Murchadh gu chasan. Thug e ceum neo dhà air ais, agus an dèidh sin leum e agus le beagan sporghail bha e na sheasamh air a' bhruaich eile.

Chaidh Iain air ais dà cheum, 's dh'fheuch e ri leum ach cha b' urrainn dha. “Tha an talamh ro shleamhainn,” dh'èigh e.

Chaidh fichead bliadhna seachad agus choinnich iad ri chèile ann an taigh-òsta mòr ann an Glaschu. Bha Murchadh air fòn a chur gu Iain a bha na fhear-teagaisg ann an sgoil sa bhaile. 'S e Iain a thàinig don taigh-òsta an toiseach 's shuidh e air sòfa leathair anns an lobaidh 's e toirt sùil air an doras an-dràsta is a-rithist. An dùil an aithnicheadh e Murchadh, no Murchadh esan?

Bha sgàthain mhòra air feadh na lobaidh agus lusan an siud 's an seo. Nuair a bha e sealltainn ris a' ghleoc òr-bhuidhe, dh'fhairich e làmh air a ghualainn. Chlisg e 's thionndaidh e. Dh'aithnich e sa bhad gur e Murchadh a bh' ann, ann an deise dhubh, uaireadair mòr air cùl a dhùirn, nèapaigear aig a bhroilleach, brògan gleansach air.

“Dh'aithnichinn thu am bad sam bith,” thuirt Murchadh, “oir bha thu riamh iomagaineach. Tha mi air tilleadh à Ameireaga airson trì làithean. Tha mi 'g obair aig companaidh mhòr an sin.” Thug e sùil air uaireadair. “'S fheàrr dhuinn a dhol a-steach a ghabhail cofaidh.”

Nuair a bha iad nan suidhe ag òl cofaidh, thuirt Iain, “Bheil cuimhn’ agad an turas a bha sinn a’ dol a leum na h-aibhne? Leum thusa ach cha do leum mise.”

“A bheil sin ceart?” arsa Murchadh, ’s e dòrtadh a-mach cofaidh às a’ phoit airgeadach. “Chan eil cuimhn’ agam air a sin. O uill,” thuirt e an uair sin, “’s dè tha thu fhèin a’ dèanamh a-nis?” “Fear-teagaisg,” ars Iain.

“Bhiodh tu a’ leughadh tòrr leabhraichean,” arsa Murchadh. “Tha cuimhn’ am air sin. An aithne dhut Wilbur Smith?” “Chan aithne,” ars Iain. “’S caomh leam na leabhraichean aige,” arsa Murchadh. “Agus Ludlum. Tha esan math cuideachd.”

Thug Murchadh sùil eile air uaireadair. “Ach feumaidh mi falbh a dh’aithghearr. Tha coinneamh agam.” “O na bi fuireach riumsa,” arsa Iain.

Carson a bha dùil aige nuair a thàinig e steach gum biodh còmhradh eadar an dithis aca mu dheidhinn na h-aibhne, mu dheidhinn an latha nach tug e fhèin an leum a bu chòir dha.

“A bheil an teagasg a’ còrdadh riut?” arsa Murchadh. “An ìre mhath”, ars Iain. (Ach smaoinich e air uair a thuirt e ri nighean air aon de na clasaichean aige, “Dè ’n leabhar mu dheidhinn a leugh thu?” ’S thuirt i, “Cha bhi mi leughadh leabhraichean idir.”)

“Uill,” arsa Murchadh, “tha mo dhreuchd fhìn a’ còrdadh riumsa glè mhath.” ’S le sin, dh’èirich e gu chasan. “An ath thuras a bhios mi ann an Glaschu cuiridh mi fòn thugad,” thuirt e ri Iain. “A bheil cairt agad? Bu chòir dhòmhsa a bhith air leughadh barrachd na leugh mi anns an sgoil.”

Sgrìobh Iain a sheòladh air pìos pàipeir agus àireamh a fòn. Thug Murchadh cairt dha. Dhealaich iad aig an doras ’s chaidh Murchadh a-mach a-rithist am measg an t-sluaigh a bha dòrtadh seachad air. Dh’fhuirich Iain gus am fac e an duine uaine a’ tighinn air, ’s an dèidh sin rinn e air an stèisean.

Nuair a bha e feitheamh ris an tràna, thug e sùil air na rèilichean agus shaoil e gu robh iad ag innse sgeulachd dha ach cha robh fhios aige dè ’n sgeul a bh’ ann.

Ath-aithris air an sgeulachd, “An Leum”, le Iain Mac a’ Ghobhainn

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

1. Ainmich dà dhòigh san robh Iain agus Murchadh eadar-dhealaichte bho chèile nuair a bha iad nam balaich. Tha am fiosrachadh seo san dara paragraf.

2

2. Dè seòrsa nàdar a bha aig Iain na bhalach? Ainmich dà rud sa chiad phàirt den sgeulachd, a bharrachd air nach do leum e, a tha a' sealltainn sin?

3

3. Carson a tha dragh air Iain an aithnich e fhèin agus Murchadh a chèile?

2

4. (a) Dè seòrsa taigh-òsta san do choinnich iad?

1

- (b) Ainmich dà rud a tha a' sealltainn sin.

2

Comharraidhean

5. Dè tha thu a' smaoinichadh a thug air Murchadh a ràdh gun robh Iain fhathast "iomagainich"?

2

6. Dè an dà chiall a ghabhadh toirt à: "Leum thusa ach cha do leum mise"?

2

7. (a) Cha robh Murchadh measail air leughadh nuair a bha iad san sgoil. Dè an suidheachadh a tha ann a-nise?

2

(b) Carson a dh'fhaodadh droch bhuaidh a bhith aig seo air beachd Iain air fhèin?

1

8. Chan eil cuimhne aig Murchadh mu latha an leum ach tha aig Iain.

(a) Dè tha seo a' sealltainn mun character aig Iain?

2

(b) Dè tha e sealltainn mun character aig Murchadh?

1

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

9. Carson a tha thu smaoinichadh a tha an t-uairadair aig Murchadh air ainmeachadh cho tric san sgeulachd. Thoir dà adhbhar.

2

10. Bheil thu a' smaoinichadh a bheil Iain uile-gu-lèir toilichte na obair? Carson?

2

11. Carson a tha thu a' smaoinichadh a tha Murchadh ag ràdh, “Bu chòir dhòmhsa a bhith air leughadh barrachd na leugh mi”?

2

12. Nuair a tha Iain agus Murchadh a' toirt an seòlaidhean dha chèile aig an deireadh, ciamar a tha an dòigh a nì iad seo eadar-dhealaichte?

2

13. Aig deireadh na sgeulachd, tha Iain a' smaoinichadh gun robh na rèilichean “ag innse sgeulachd dha”. A' coimhead air ais air an sgeulachd gu lèir, dè tha thu smaoinichadh a tha seo a' ciallachadh?

2

(30)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

1. A' fàgail.
Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh sam bith a thogras tu. **(30)**

2. “Bu chòir an aois airson cead-dràibhidh a bhith air a chur an-àird gus gearradh sìos air an àireamh òigridh a tha a' bàsachadh ann an tubaistean rathaid.”
Dè do bheachd? **(30)**

3. Sgrìobh aithisg mu dheidhinn cothroman-obrach do òigridh san sgìre agad mar gum biodh tu a' sgrìobhadh artaigil airson pàipear-naidheachd. **(30)**

4. (a) Sgrìobh stòiridh a' tòiseachadh, “Dh'fhosgail an doras gu slaodach . . .”

No

(b) Sgrìobh stòiridh fon tiotal, “Is duilich ciall a chur an ceann amadain.” **(30)**

5. Mise anns a' bhliadhna 2030. **(30)**

[Tionndaidh an duilleag

Freagair AON cheist:**ROSG (Prose)**

1. Tagh pìos rosg (sgeulachd-ghoirid, nobhail no aiste) aig an robh buaidh mhòr ort. Innis carson agus seall mar a chuidich an dòigh-sgrìobhaidh no an stoidhle le seo. (30)
2. Mar as trice bidh sgrìobhadairean a' feuchainn ri toirt oirnn smaoineachadh nas doimhne mu thachartas no cuspair air choreigin. Innis mu sgeulachd-ghoirid no nobhail aig an robh a' bhuidhe seo ort agus seall carson. Nad fhreagairt, faodaidh tu bualadh air structar, plota, dòighean-sgrìobhaidh. (30)
3. Tagh nobhail no sgeulachd-ghoirid anns an robh caractar inntinneach. Innis mar a bha an caractar cudromach ann a bhith a' dèanamh na stòiridh èifeachdach. Nad fhreagairt, faodaidh tu bualadh air structar, plota, dòighean-sgrìobhaidh. (30)

BÀRDACHD (Poetry)

4. Tagh dà phìos bàrdachd a tha a' dèiligeadh ris an aon chuspair, m.e. gaol no cogadh. Seall mar a tha na pìosan bàrdachd coltach ri chèile agus eadar-dhealaichte anns an dòigh 's a bheil iad a' dèiligeadh ris a' chuspair. (30)
5. Tagh pìos bàrdachd a thug ort coimhead air cuspair ann an dòigh eadar-dhealaichte no a thug buaidh mhòr ort. Minich mar a chleachd am bàrd diofar dhòighean-sgrìobhaidh gus a' chuspair fhaighinn thairis. Nad fhreagairt, faodaidh tu bualadh air ìomhaighean, structar, brìgh is eile. (30)
6. Tagh dà phìos bàrdachd a tha thu a' meas mar shàr obair aon bhàird. Innis beagan mun bhàrd agus seall carson a tha an dà phìos a thagh thu a' còrdadh riut cho mòr. Nad fhreagairt, faodaidh tu bualadh air ìomhaighean, structar, brìgh is eile. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i) B(ii) B(iii)	Leughadh / 30
	Sgrìobhadh / 30
	Litreachas / 30
Grand Total	120

ACKNOWLEDGEMENTS

Roinn B(i) Leughadh—Extract is adapted from *An Leum* by Ian Chrichton Smith, taken from Pages 39–42 of *Na Guthan* ISBN 1871901 13 8. Published by Gairm Publications. Unable to trace copyright holder.